

# Litir do Luchd-ionnsachaidh

## le Ruairidh MacIlleathain

### Argos, Epidavros agus Fear a' Bhàta

*A special programme, in the form of a "letter", designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at [rodny.maclean@bbc.co.uk](mailto:rodny.maclean@bbc.co.uk). This is Litir 810. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 506 corresponds to Litir 810.*

As t-fhoghar an-uiridh, bha mi ann an Argos. Nise, 's dòcha gum bi sibh a' faighneachd – ‘carson a tha Ruairidh a’ dol a dh’innse dhuinn mu rudeigin a cheannaich e ann am bùth-chatalog?’ No 's dòcha nas fhaisce air an fhìrinn – ‘mo chreach, an robh Ruairidh ann am bùth **nach robh na bùth-leabhraichean?** Chan ann tric a thachras sin!’

Ged a tha bùth aig Argos ann an Inbhir Nis, chan e sin an t-àite a tha mi a' ciallachadh. Gu dearbh, cha robh an Argos anns an robh mi eadhon ann an Alba. Bha mi air làithean-saora anns a' Ghrèig agus, air an rathad don cheann-uidhe, agam chaidh mi tro bhaile air an robh Argos mar ainm.

Bha mi a' smaoinichadh gun robh e car èibhinn aig an àm. Cha do thuig mi gu bheil ceangal ann eadar am baile Greugach agus a' bhùth ann am Breatainn. Bha an duine a chuir a' bhùth air chois, Ridseard Tomkins, air làithean-saora anns a' Ghrèig nuair a thàinig an smuain thuige mu ainm na bùtha. Bha e ann an Argos.

Tha am baile gu math sean. Thathar a' smaoinichadh gu bheil daoine air a bhith a' fuireach ann, gun sgar, airson seachd mìle bliadhna. Tha e anns an sgìre ris an canar am Peloponnese, leth-eilean don iar-dheas air Baile na h-Àithne.

Bha mi a' seòladh timcheall uisgeachan a' Pheloponnese. Am measg nam bailtean-puirt dhan deach mi, bha Epidavros. 'S e baile beag brèagha a th' ann, suidhichte air a' chladach aig ceann sàilean. Aig aon àm, ge-tà, bha baile dhen dearbh ainm suidhichte còig mìle air falbh, taobh a-staigh na dùthcha. Agus bha e ainmeil air feadh saoghal nan Greugach.

'S iongantach mura d' fhuair na seann lighichean Gàidhealach toradh an eòlais bho dhaoine de a leithid ann an Epidavros. Cha robh àite na bu chudromaiche airson leigheas anns an t-saoghal chlasaigeach. Bha am baile stèidhichte faisg air àite-breith mac Apollo, Asklepios. Anns a' cheathramh agus treas ceud ro Chrìosd, bhiodh na mìltean mòr a' dol ann airson leigheas, airson fèilltean-ealain agus, tha mi cinnteach, airson spòrs, marsantachd is suirghe.

Chan eil càil a' dearbhadh sin barrachd na 'n taigh-cluiche a chaidh a thogail ann an nàdar de choire ri taobh a' bhaile. Ghabhadh e ceithir mìle deug duine – airson dealbhan-cluiche is cuirmean mòra. Tha e ann an staid cho math 's gum bi e air a chleachdadh chun an latha an-diugh.

Nuair a chanas mi ‘taigh-cluiche’, chan eil mullach air, tuigidh sibh. Chan eil a leithid a dhìth anns a’ Ghrèig! Co-dhiù, sheas mi ann an teis-meadhan an àite far am biodh na cluicheadairean a’ seasamh. Bha a’ bhean agam anns an t-sreath shuidheachan a b’ àirde anns an stèidiam. Agus bha e iongantach cho furasta ’s a bha e dhuinn bruidhinn ri chèile. Bha an fhuaimearrachd – sin a’ Ghàidhlig air *acoustics* – iongantach math.

‘Gabh òran Gàidhlig,’ thuirt i. Ghabh mi sèist de ‘Fear a’ Bhàta’ ann an guth socair. Agus chuala i a h-uile facal gu furasta. ’S iomadh rud a thachair ann an Epidavros thairis air dà mhìle gu leth bliadhna, ach tha amharas agam gum b’ e sin a chiad turas a bha ‘Fear a’ Bhàta’ air a sheinn ann. Agus, goirid an dèidh sin, **leig mi soraidh slàn le** Epidavros agus dh’fhalbh mi – ann am bàta.

\* \* \* \* \*

**Faclan na Litreach:** leth-eilean: *peninsula*; iar-dheas: *south-west*; Baile na h-Àithne: *Athens*; uisgeachan: *waters*; taigh-cluiche: *amphitheatre*; dealbhan-cluiche: *plays*; cuirmean mòra: *big concerts, events*; teis-meadhan: *the exact centre*; fuaimearrachd: *acoustics*; sèist: *chorus*.

**Abairtean na Litreach:** As t-fhoghar an-uiridh: *in autumn last year*; rudeigin a cheannaich e ann am bùth-chatalog: *something he bought in a catalogue shop*; nas fhaisge air an fhìrinn: *closer to the truth*; chan ann tric a thachras sin: *that doesn’t happen often*; bha mi air làithean-saora anns a’ Ghrèig: *I was on holiday in Greece*; air an rathad don cheann-uidhe: *on the way to the destination*; tro bhaile air an robh Argos mar ainm: *through a town called Argos*; gun robh e car èibhinn: *that it was quite funny*; cha do thuig mi gu bheil ceangal ann eadar am baile Greugach agus a’ bhùth: *I didn’t understand that there is a link between the Greek town and the shop*; nuair a thàinig an smuain thuige mu ainm na bùtha: *when a thought came to him about the shop’s name*; gun sgur: *without interruption*; am measg nam bailtean-puirt dhan deach mi: *among the ports I visited*; suidhichte air a’ chladach aig ceann sàilean: *situated on the shore at the head of a small inlet*; taobh a-staigh na dùthcha: *inland*; saoghal nan Greugach: *the world of the Greeks*; ’s iongantach mura d’ fhuair na seann lighichean Gàidhealach toradh an eòlais bho dhaoine de a leithid: *it’s likely the old Gaelic physicians benefited from the knowledge of their peers*; cha robh àite na bu chudromaiche airson leigheas anns an t-saoghal chlasaigeach: *there was no place more important for healing in the classical world*; anns a’ cheathramh agus treas ceud ro Chrìosd: *in the fourth and third centuries BC*; spòrs, marsantachd is suirghe: *fun, trading and courting*; ceithir mìle deug duine: *fourteen thousand people*; ann an staid cho math ’s gum bi e air a chleachdadh chun an latha an-diugh: *in such a good state that it is used to this day*; a dhìth anns a’ Ghrèig: *needed in Greece*; anns an t-sreath shuidheachan a b’ àirde anns an stèidiam: *in the highest row of seats in the stadium*; tha amharas agam: *I suspect*.

**Puing-chànain na Litreach:** bùth nach robh na bùth-leabhraichean: *a shop that wasn’t a bookshop*. The literal meaning of this idiomatic expression is ‘a shop that wasn’t in its bookshop’. Bùth is a feminine word so the ‘its’ is the feminine third personal singular possessive pronoun which does not lenite the noun it commands. Thus bùth-leabhraichean is not lenited.

**Gnàthas-cainnt na Litreach:** leig mi soraidh slàn le: *I bade farewell to*.

*Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA*